




# POILEASAIDH GÀIDHLIC AN TOISEACH



## Poileasaidh airson Gàidhlig an toiseach / Gaelic First School Language Policy

### Ro-Ràdh

Tha dleastanas aig an sgoil againn àrainneachd àrachaidh a chruthachadh far am bi Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig a' soirbheachadh. Chaidh am poileasaidh cànan seo a dhealbhadh gus cumail ris an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Comhairle mu Foghlam Gàidhlig (2022) 's a dhèanamh cinnteach, gu bheil a' Ghàidhlig air a filleadh a-steach do gach pàirt de bheatha na sgoile agus gun leudaich na sgoilearan an cuid chomasan agus gum meudaich am meas, air a' chànan.

### Lèirsinn

'S e ar lèirsinn gum bi sinn a' brosnachadh na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig am measg na sgoilearan, a' toirt cumhachd do gach aon, a bhith mar neach misneachail dà-chananach a tha measail air a' Ghàidhlig agus a tha an sàs sa choimhairsnachd Gàidhlig.

### Amasan

- Togail Cànan:** A' togail sgilean Gàidhlig, ge bith dè an suidheachadh cànan aca, tro ionnsachadh bogaidh agus eadar-ghniomhach.
- Tuigse Cultarail:** Ag adhartachadh tuigse agus urram do chultar, dualchas agus traidiseanan na Gàidhlig anns a' choimhairsnachd sgoile againn.
- Comas Dà-chànanach:** Taic a thoirt do sgoilearan comasan dà-chànanach anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a choileanadh 's a bheireadh cothrom dhaibh, conaltradh gu h-èifeachdach anns gach cànan.
- Ion-ghabhalachd:** A dhèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh sa Ghàidhlig ruigsinneach agus ion-ghabhalta do gach sgoilear, ge bith dè an suidheachadh cànanach no cultarail a th' aca.
- Compàirteachadh Choimhairsnachdan:** Ceanglaichean a bhrosnachadh le coimhairsnachdan Gàidhlig agus cothroman a thoirt do sgoilearan a bhith an sàs le luchd-labhairt dùthchail agus tachartasan cultarail.

### Toirt gu buil

- A' filleadh a-steach **dhan churraicealam.**
  - Bidh Gàidhlig air a' filleadh a-steach ann an curraicealam na sgoile agus anns gach cuspair, a' dèanamh cinnteach gu bheil na sgoilearan a' faighinn eòlas air a' chànan ann an diofar cho-theacsain.
  - Bidh prionnsabalan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtMG) air am filleadh a-steach gu ro-innleachdan teagaisg gus taic a thoirt do thogail cànan.

- Bidh goireasan agus stuthan Gàidhlig air an cleachdad, far an gabh sin a dhèanamh, gus taic a thoirt do dh' ionnsachadh càin.

## 2. Solar Càin:

- Bidh leasanan Gàidhlig air an lìbhrigeadh le tidsear Gàidhlig, aig a bheil teisteanas, a' leasachadh sgilean èisteachd, labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh.
- Bidh taic dà-chànanach aig sgoilearan a tha a' gluasad gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a' dèanamh cinnteach gum bi taic aca san eadar-ghluasad càin.
- Bidh taic a bharrachd anns a' Ghàidhlig ann do sgoilearan aig a bheil feum air, gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh, a' gabhal a-steach.

## 3. Leudachadh Cultarail:

- Bidh cultar agus tradiseanan na Gàidhlig air an comharrachadh tro thachartasan 's tro fhèisean agus ghnìomhan cultarail.
- Thig luchd-labhairt a-steach agus curidh sinn air dùigh bùthan-obrach agus tursan gu sgìrean Gàidhlig, gus am faigh na sgoilearan bogadh ann an cultar agus dualchas na Gàidhlig.
- Bidh ceòl, litreachas agus ealain na Gàidhlig air am filleadh a-steach do churraicealam na sgoile gus tuigse agus meas nan sgoilearan a mheudachadh a thaobh cultar na Gàidhlig.

## 4. Leasachadh Luchd-obrach/ Leasachadh Proifeiseanta:

- Bidh cothroman leasachaidh proifeiseanta aig luchd-obrach, gus na comasan Gàidhlig agus na sgilean teagaisg aca àrdachadh.
- Bidh co-obrachadh le eòlaichean càin agus buidhnean Gàidhlig air a bhrosnachadh, gus cleachdaidhean agus goireasan teagaisg a neartachadh.

## 5. Compàirteachadh Coimhearsnachdan:

- Bidh compàirteachadh le coimhearsnachdan Gàidhlig ionadail, buidhnean cultarail, agus sgoiltean Gàidhlig air am brosnachadh, gus conaltradh coimhearsnachd àrdachadh agus gus eòlasan càin ùghdarrail a sholarachadh.
- Bidh pàrantan agus luchd-cùraim air am brosnachadh gus pàirt a ghabhail ann am bùthan-obrach agus tachartasan Gàidhlig, gus taic a thoirt don phàiste aca, leis an t-slighe ionnsachaidh càin aca.

## Sgrùdad agus Luachadh

Bidh èifeachdas a' phoileasaidh càin seo air an sgrùdad agus air am measadh gu cunbalach tro:

- Measaidhean agus tracadh anns na comasan Gàidhlig aig na sgoilearan.
- Ais-mholadh bho sgoilearan 's bho phàrantan, luchd-obrach. agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.

- Mion-sgrùdadh air ìrean coileanaidh cànan agus a' gabhail pàirt ann an gnìomhan Gàidhlig.
- Ath-sgrùdadh agus leasachadh leantainneach air modhan-teagaisg agus goireasan teagaisg, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' leantainn stiùridhean agus deagh chleachdaidhean Gàidhlig.

## Co-dhùnad

Sa sgoil Ghàidhlig againn, tha sinn dealasach àrainneachd thaiceil agus ion-ghabhalta a chruthachadh far am bi cànan is cultar na Gàidhlig a' soirbheachadh. Tron phoileasaidh cànan seo, tha sinn ag amas air cumhachd a thoirt do gach scoilear a bhith mar neach a tha misneachail, dà-chànanach agus aig a bheil tlachd agus toileachas, a bhith an sàs ann an dualchas beartach na Gàidhlig.

## Gaelic First School Language Policy

### Introduction

Our school is committed to providing a nurturing environment where Gaelic language and culture thrive. This language policy is designed to adhere to the Statutory Guidance on Gaelic Medium Education and the 2022 Advice on Gaelic, ensuring that Gaelic is integrated into all aspects of school life and that our students develop proficiency and appreciation for the language.

### Vision

Our vision is to foster a love for Gaelic language and culture among our students, empowering them to become confident bilingual individuals who appreciate and contribute to the Gaelic-speaking community.

### Aims

1. **Language Acquisition:** To facilitate the acquisition of Gaelic language skills in all students, regardless of their linguistic background, through immersive and interactive learning experiences.
2. **Cultural Understanding:** To promote an understanding and appreciation of Gaelic culture, heritage, and traditions within the school community.

3. **Bilingual Proficiency:** To support students in achieving bilingual proficiency in both Gaelic and English, enabling them to communicate effectively in both languages.
4. **Inclusivity:** To ensure that Gaelic language learning is accessible and inclusive to all students, regardless of their linguistic or cultural background.
5. **Community Engagement:** To foster links with the Gaelic-speaking community and provide opportunities for students to engage with native speakers and cultural events.

## Implementation

### 1. Curriculum Integration:

- Gaelic will be integrated into the school curriculum across all subjects, ensuring students are exposed to the language in various contexts.
- Gaelic Medium Education (GME) principles will be incorporated into teaching strategies to facilitate language acquisition.
- Resources and materials in Gaelic will be utilised wherever possible to support language learning.

### 2. Language Provision:

- Gaelic language lessons will be delivered by qualified Gaelic teachers, focusing on developing listening, speaking, reading, and writing skills.
- Bilingual support will be provided for students transitioning into Gaelic Medium Education, ensuring a smooth language transition.
- Students requiring assistance in Gaelic language learning will receive additional support, including tailored interventions and resources.

### 3. Cultural Enrichment:

- Gaelic culture and traditions will be celebrated through events, festivals, and cultural activities throughout the school year.
- Guest speakers, workshops, and visits to Gaelic-speaking regions will be organised to immerse students in Gaelic culture and heritage.
- Gaelic music, literature, and art will be integrated into the school curriculum to deepen students' understanding and appreciation of Gaelic culture.

#### **4. Staff Development:**

- Continuous professional development opportunities will be provided to staff members to enhance their Gaelic language proficiency and teaching skills.
- Collaboration with Gaelic language specialists and organisations will be encouraged to enrich teaching practices and resources.

#### **5. Community Engagement:**

- Partnerships with local Gaelic-speaking communities, cultural organisations, and Gaelic medium schools will be fostered to promote community engagement and provide authentic language experiences.
- Parents and guardians will be encouraged to participate in Gaelic language workshops and events to support their child's language learning journey.

#### **Monitoring and Evaluation**

The effectiveness of this language policy will be regularly monitored and evaluated through:

- Student assessments and progress tracking in Gaelic language proficiency.
- Feedback from students, parents, staff, and the wider community.
- Analysis of language attainment levels and participation in Gaelic-related activities.
- Continuous review and refinement of teaching practices and resources to ensure alignment with Gaelic language guidelines and best practices.

#### **Conclusion**

Our Gaelic First School is committed to creating a supportive and inclusive environment where Gaelic language and culture flourish. Through this language policy, we aim to empower our students to become confident bilingual individuals who cherish and contribute to the rich tapestry of Gaelic heritage.